

## *Litir do Luchd-Ionnsachaidh* le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk) \**

Halò a-rithist. Tha ceist agam dhuibh an toiseach an-diugh. Dè an eileamaid – tha mi a’ ciallachadh eileamaid cheimigeach – air a bheil ainm Gàidhlig – no leth-Ghàidhlig co-dhiù? Chan e hàidraidean no helium a th’ ann. Feumaidh sibh cumail a dol tro liosta nan eileamaidean. Innsidh mi dhuibh dè th’ ann aig deireadh na Litreach.

Air an deireadh-sheachdain sa chaidh bha mi a’ meòmhrachadh anns na beanntan. Uill, chan eil àite nas fheàrr na sin airson a bhith a’ meòmhrachadh, a bheil? ’S e a bu mhò a bh’ air m’ aire, a bharrachd air bòidhchead an àite, ceist mu chnuic is clachan. Gu mionaideach, dè a’ Ghàidhlig a chuireamaid air *roche moutonnée*?

Ma tha beagan Frangais agaibh, bidh fios agaibh gur ann às a’ chànan sin a thàinig na faclan *roche moutonnée*, agus gu bheil iad a’ ciallachadh “clach chaorach”. ’S e a th’ ann clach mhòr, a chaidh a dhèanamh mìn le deigh ann an Linn na Deighe. Uaireannan bidh sgrìoban oirre a chaidh fhàgail le clachan a bha a’ gluasad leis an deigh. A’ coimhead air a’ chloich bho astar, tha i a’ coimhead car coltach ri caora. *Mouton*, ann am Frangais.

Cha robh càil ann am Beurla airson a leithid agus ghabhadh a-steach am facal-iasaid bho na Frangaich, mar a ghabhadh *avalanche* agus *cirque* agus *crevasse*. Agus a’ Ghàidhlig *coire* cuideachd – a nochdas ann am Beurla mar *corrie*.

Ach feumaidh mi aideachadh nach cuala mi a-riamh Gàidhlig airson *roche moutonnée*. Cha robh na seann daoine a’ coimhead air clachan anns an aon dòigh ’s a tha luchd-saidheans an-diugh. Gu dearbh, bha ainmean àraidh air clachan fa leth agus ’s ann mar sin a tha e fhathast anns na beanntan far an robh mi. ’S aithne dhomh grunn chlachan ann a sin air a bheil ainmean, mar gum biodh, “pearsanta”, a tha ag innse sgeulachd mu eachdraidh na cloiche agus eachdraidh an àite.

Chan eil sin a’ ciallachadh, ge-tà, nach eil faclan Gàidhlig ann a dhèanadh an gnothach nuair a tha sinn a’ bruidhinn air dìleab Linn na Deighe. Bha mi a’ campachadh gu h-àrd, faisg air loch ris an canar Loch nan Cnapan. Timcheall an locha, cha mhòr gu bheil talamh rèidh sam bith ann, oir tha e làn chnapan. Bha fear còmhla rium aig nach eil Gàidhlig agus dh’ fhaighnich e dhìom, “Dè a’ Bheurla a th’ air cnapan?”

“Uill,” thuirt mi ris, “chanadh am faclair *knolls* no *hillocks*, ach saoilidh mi shuas an seo, leis gun deach am fàgail le abhainn-deighe, gur dòcha gur e *drumlin* am facal as fheàrr ann am Beurla.” Tha drumlin eadar-dhealaichte bho *roche moutonnée* leis gur e a th’ ann stuth – clachan – a chaidh a ghluasad bho àite eile agus a chaidh a leigeil leis an abhainn-deigh.

Tha faclan eile ann cuideachd a sheasadh an àite “cnapan”, leithid tomannan, tolmanan is tulaichean, ach anns an iar-thuath tha facal ann – *mulcan* – a tha a’ ciallachadh cnoc beag air a dhèanamh de chlachan a chaidh fhàgail le abhainn-deighe. Agus tha mi a’ dèanamh dheth gur e *drumlin* am facal Beurla as fheàrr a th’ ann mar eadar-theangachadh air *mulcan*.

An tuir mi “facal Beurla”? Uill, tha am faclair Beurla agam ag innse dhomh gur ann à Gàidhlig na h-Eireann a thàinig *drumlin*, no co-dhiù a’ chiad phàirt dheth – bhon fhacal *druim* – air a bheil sinn fhèin gu math eòlach ann an Alba.

Agus mus dìochuimhnich mi, feumaidh mi tilleadh don eileamaid air a bheil ainm Gàidhlig. Strontium – a chaidh ainmeachadh airson Strontian neo Sròn an t-Sithein, ann an Loch Abair.

\* \* \*

**Faclan na seachdaine:** eileamaid cheimigeach: *chemical element*; hàidraidean: *hydrogen*; sgrìoban: *scratches, striations*; astar: *distance*; luchd-saidheans: *science*; dìleab: *legacy*; a’ campachadh: *camping*; cumanta: *common*; eadar-theangachadh: *translation*; Suidhe Bhrianuilt: *Brianuilt’s Seat*; Bealach an t-Suidhe: *the Pass of the Seat*.

**Abairtean na seachdaine:** bha mi a’ meòmhrachadh anns na beanntan: *I was meditating (pondering, contemplating) in the mountains*; ’s e a bu mhò a bh’ air m’ aire: *what was most on my mind*; ceist mu chnuic is clachan: *a question about hills and stones*; dè a’ Ghàidhlig a chuireamaid air X?: *what would we call X in Gaelic?*; a chaidh a dhèanamh mìn ann an Linn na Deighe: *which was made smooth in the Ice Age*; ghabhadh a-steach am facal-iasaid: *the loan-word was taken in*; feumaidh mi aideachadh: *I must admit*; bha ainmean àraidh air clachan fa leth: *individual stones (rocks) had particular names*; ’s aithne dhomh grunn chlachan: *I know a few stones*; air a bheil ainmean, mar gum biodh, “pearsanta”: *which have, as it were, “personal” names*; timcheall an locha cha mhòr gu bheil talamh rèidh sam bith ann: *around the loch there is hardly any flat land*; a chaidh a leigeil leis an abhainn-deighe: *which was deposited by the glacier*; a sheasadh an àite “cnapan”: *which would stand in the place of “cnapan”*; air a bheil sinn fhèin gu math eòlach ann an Alba: *which we ourselves know well in Scotland*; mus dìochuimhnich mi: *before I forget*; a chaidh ainmeachadh airson: *which was name for (after)*.

**Puing-ghràmar na seachdaine:** faisg air loch ris an canar Loch nan Cnapan: *close to a loch called the Loch of the Knolls. The point I want to make here is about the genitive plural form of cnap, ie of the knolls. It is the same as the nominative plural form, cnapan. In some previous Litrichean, we have looked at words which pluralise by slenderisation eg balach to balaich, bodach to bodaich. In these cases the genitive plural reverts to the nominative singular form eg beachd nam balach, baile nam bodach. But in most words, and certainly those of only one syllable in the nominative singular form, where the pluralisation occurs, not with slenderisation, but with the addition of a terminal –an (or –annan or –(a)ichean), the genitive plural is identical to the nominative plural. Thus we get nan cnapan. Other examples would be càr (car), càraichean (cars), nan càraichean (of the cars); gille (lad), gillean (lads), nan gillean (of the lads); doras (door), dorsan (doors), nan dorsan (of the doors). The genitive plural without the article is lenited. Thus, in the Litir, we have tha e làn chnapan (it is full of knolls).*

**Gnàths-cainnt na seachdaine:** [chan eil sin a’ ciallachadh nach eil faclan Gàidhlig ann] a dhèanadh an gnothach: *[that doesn’t mean there are no Gaelic words] which would do the job.*

\* *“Litir do Luchd-Ionnsachaidh” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig*